



National
Qualifications
2021 ASSESSMENT RESOURCE

X832/76/11

Àrd-Ìre

**Gàidhlig
Leughadh**
Gàidhlig Reading

Ùine — 1 uair agus 50 mionaid

Comharran gu lèir — 30

Leugh an earrann agus feuch na ceistean UILE.

Sgrìobh do fhreagairtean gu soilleir ann an leabhran nam freagairtean. Ann an leabhran nam freagairtean feumaidh tu àireamh na ceiste a tha thu a' freagairt a chomharrachadh gu soilleir.

Cleachd inc **gorm** no **dubh**.

Tha leabhran nam freagairtean eile ann airson Litreachas. Cuir do fhreagairtean airson Litreachas ann an leabhran nam freagairtean airson Litreachas.

Mus fàg thu seòmar na deuchainnean, feumaidh tu an dà leabhar a thoirt don Fhreiceadan; mura dèan thu sin, dh'fhaodadh tu na comharran gu lèir airson a' phàipeir seo a chall.



* X 8 3 2 7 6 1 1 *



Leugh an earrann agus feuch na ceistean UILE

Tha Iain MacDhòmhnail a' toirt seachad a bheachdan air leughadh.

Leabhraichean — 'Deireadh na Sgeòil?'

Ro-ràdh

Cuin mu dheireadh a leugh thu leabhar? Siuthad. Bi onarach, a-nise! An t-seachdain a dh'fhalbh? A' mhìos mu dheireadh? O mo chreach! O chionn bliadhna?! Am bu chòir seo a bhith na adhbhar dragh dhut? An e cur-seachad an linn a dh'fhalbh a th' ann an leughadh?

- 5 Uill, tha e a' dol às an fhasan. Tha rannsachadh a' sealltainn gur iad na ginealaich as sine as motha a bhios ris agus gu bheil an àireamh de chlann a tha ri leughadh nas lugha na bha e bho chionn deich bliadhna. Ach gu h-inntinneach agus a dh'aindeoin seo, chan eil mòran chur-seachadan a nì feum cho mòr dha do shlàinte agus a bheir an uiread de dh'adhartas air do bheatha.

Caibideil 1 — An Trioblaid

- 10 Carson a-rèist nach eil barrachd dhaoine ri leughadh? Bho chionn trithead bliadhna, b' ann air an telebhisean a bha a' choire ga cur 's e a' cur às do leughadh mar chur-seachad san dachaigh. Ach bho thoiseach an linn seo tha an saoghal agus na cothroman a th' aig daoine — math agus dona — air atharrachadh gu mòr. An-diugh tha fiù 's an telebhisean fhèin, seann riaghladair an t-seòmair-suidhe, a' fulang. Tha nàmhaid ùr, an t-eadar-lìon, air làmh-an-uachdair fhaighinn sa
- 15 bhàr airson aire dhaoine (gu h-àraid na h-òigridh) a ghlacadh.

Bha dòchas ann gun toireadh teicneòlas brosnachadh do dhaoine tilleadh gu leughadh. Oir san latha an-diugh, le *i-pad* no fòn, cluinnidh sinn nach leig sinn a leas a bhith ceangailte mar 'thràillean' do leabhar-pàipeir. Ach, gu mì-fhortanach, chan eil na 'leasachaidhean' seo air mòran feum a dhèanamh — tha an àireamh de leabhraichean-e a tha gan reic a' tuiteam mar chlach.

- 20 Chan eil seo a' cur iongnadh orm fhìn, ged a dh'fheumas mi aideachadh gu bheil mi rudeigin seann-fhasanta a thaobh teicneòlas. Cò idir a bhiodh airson sùil a thoirt air sgrion fad an t-siubhail? Chuireadh na 'piongan' agus na 'pongan' (is teachdaireachdan gun sgur a' nochdadh air an inneal) buileach air seachran mi! Chan fhaighinn diog airson an leabhar fhèin a leughadh!

Caibideil 2 — Na Buannachdan

- 25 Dhòmhsa, 's e an t-adhbhar as motha nach bi daoine a' leughadh nach eil tuigse aca air na buannachdan a thig na chois. Mar leughadair mi-fhìn, 's i tlachd am prìomh bhuannachd. Tha fios agam gu bheil 'deagh leabhar' agam nuair a leanas mi orm dhan ath chaibideil, ged a bhiodh làmh bheag a' chloc a' sreap chun a' mhullaich (no fiù 's seachad air!). Mar as trice, a bharrachd air plota agus tionndadh tarraingeach, bidh caractar air am bi mi a' fàs gu math dèidheil. Ann an
- 30 suidheachadh mar seo ge-tà, abair briseadh-dùil nuair nach bi an còrr chaibideilean ann. Cha tig mi beò san t-saoghal iongantach sin a-rithist. Ach, gun teagamh, tha sàsachadh aig deireadh leabhar-pàipeir a bha agad nad làimh, agus an cothrom agad a-nise a thoirt seachad (ach dìreach air iasad!) do charaid.

- Ach tha buannachdan a thèid nas doimhne buileach — tha leughadh leabhraichean a' cur ri comas
- 35 na h-eanchainn. Sheall rannsachadh gu bheil clann a tha tric a' leughadh fada nas comasaiche ann a bhith a' làimhseachadh fiosrachadh agus gun robh an sgilean labhairt agus sgrùdaidh cuideachd aig ìre nas àirde na an fheadhainn nach robh. Leis gum bi neach-leughaidh a' cur na h-eanchainn gu barrachd feum na bhios, mar eisimpleir an neach-coimhead telebhisein, fuirichidh barrachd de na dh'ionnsaicheas e na inntinn. Is beag an t-iongnadh mar sin gu bheil clann a bhios ri
- 40 leughadh a' dèanamh adhartas nas luaithe san sgoil agus a' faighinn theisteanasan nas fheàrr.

Agus mura b' e seo gu leòr dhut, tha leughadh a' leasachadh slàinte dhaoine! Leis gu bheil e a' neartachadh na cuimhne, tha e a' lughdachadh a' chunnairt gum faighear tinneasan leithid seargadh-inntinn. Dè an cur-seachad eile a nì seo dhut? Agus chan e sin a-mhàin oir, anns an latha

45 an-diugh is an àireamh de dhaoine air a bheil tinneas-inntinn ag èirigh, tha fianais ann gun tig
furtachd agus fois bho leughadh. Faodaidh leughadh cuideachd an cothrom a thabhann teicheadh
bho uallach ar beatha làitheil. 'S ann a tha leughadh mar iuchair do shaoghal eile.

Caibideil 3 — An Rabhadh

Ach, tha fios gu bheil e cudromach an iuchair cheart a lorg airson doras na h-inntinn fhosgladh.
Thoir an aire nach tog thu an iuchair cheàrr ge-tà — chan eil e gu feum idir feuchainn ri
50 obrachadh tro leabhar mar gum biodh tu a' coiseachd tro ghainmheach bheò. 'S e an rud as miosa
(nise, èistibh a thidsearan agus a phàrantan!) toirt air clann leabhraichean anns nach eil ùidh aca
a leughadh. An ainm an fhortain, leigibh leotha leabhar a chur an dàrna taobh agus fear eile a
thaghadh. 'S e leughadh gun tlachd an dearbh rud a bheir orra an cùl a chur ri leughadh
uile-gu-lèir!

55 Caibideil 4 — An Dùbhlán

Ann an co-dhùnadh, chanadh cuid as aithne dhomh gu bheil dà rud air mo bheò-ghlacadh:
seoclaidean spaideil agus deagh leabhraichean . . . còmhla! Dhòmhsa, tha an dà rud coltach ri
chèile. Aon uair 's gum faigh thu am blas; tha am miann a' fàs agus feumaidh tu barrachd a
ghabhail a-steach. Ach 's e an diofar eatarra nach eil ach feum (seach cron) ann an leughadh. Cha
60 mhill na leabhraichean d' fhiaclan co-dhiù!

Gun teagamh, tha dìth leughaidh na chunnart dhan ghinealach òg a tha a' fàs suas. Feumaidh sinn
an aire a thoirt dha na buannachdan a thig an cois leughadh agus am brosnachadh gus
leabhraichean a thogail. Thug aon sgrìobhadair ainmeil rabhadh seachad: “Cha leigear a leas
leabhraichean a losgadh gus cur às dha cultar-leughaidh. Chan fheum leabhraichean ach a bhith
65 nan suidhe — dùinte, marbh — air sgeilp”.

An ath thuras a bhios cuideigin a' faighneachd dhut cuin mu dheireadh a leugh thu leabhar, saoil
am bi freagairt eile agad? Siuthad! Tog leabhar a fhreagras ort fhèin . . . fosgail e . . . is leig leis
tighinn beò nad làimh!

* * *

A' Chrìoch

70 Facal san dealachadh:

*Bu mhath leis an sgrìobhadair mathanas iarraidh agus moladh a dhèanamh air gach òganach a
bhios ri leughadh.*

COMHARRAN

Ceistean

Mura bi thu a' cleachdadh fianais bhon teacsa, feumaidh tu d' fhaclan fhèin a chleachdadh.

Coimhead a-rithist air loidhnichean 1 gu 8.

1. Dè an dà phrìomh phuing a tha aig an sgrìobhadair mun chuspair? **2**
2. Seall, le eisimpleirean, mar a tha taghadh-facail, stoidhle agus structar-seantans air
an cleachdadh gus ceangal a dhèanamh ris an leughadair. **3**

Coimhead a-rithist air loidhnichean 9 gu 15.

Tha an sgrìobhadair a' cleachdadh meatafor-leantainneach anns a' phàirt seo.

3. (a) Inns, le fianais, cò air a bheil am meatafor seo stèidhichte. **1**
- (b) Seall, le eisimpleirean, mar a tha am meatafor a' dèanamh follaiseach mar a tha
cur-seachadan air atharrachadh anns na bliadhnaichean mu dheireadh. **3**

Coimhead a-rithist air loidhnichean 16 gu 23.

4. Seall mar a tha diofar sgilean-sgrìobhaidh air an cleachdadh gus faireachdainnean an sgrìobhadair a dhèanamh follaiseach. Dh'fhaodadh tu bualadh air taghadh-facail, structar-seantans agus ìomhaigheachd. 3

Coimhead a-rithist air loidhnichean 24 gu 33.

5. Seall mar a tha an sgrìobhadair a' dèanamh soilleir gur e cur-seachad air leth cudromach a th' ann an leughadh na bheatha phearsanta fhèin. Bu chòir dhut bualadh air structar-seantans, ìomhaigheachd agus taghadh-facail. 3

Coimhead a-rithist air loidhnichean 34 gu 46 (gu 'ar beatha làitheil').

6. Dèan gearr-chunntas air na prìomh phuingeannan a tha aig an sgrìobhadair a thaobh leughadh anns a' phàirt seo den earrainn. Na tagh ach am fiosrachadh as cudromaiche gus seo a dhèanamh. Cleachd na facail agad fhèin cho fad 's a ghabhas. 3

Coimhead a-rithist air loidhnichean 46 gu 50.

7. Seall mar a tha an sgrìobhadair a' cleachdadh ìomhaigheachd gus comhairle a thoirt dhuinn a thaobh a bhith a' taghadh leabhar. 2

Coimhead a-rithist air loidhnichean 50 gu 54.

8. Seall mar a tha structar-seantans agus taghadh-facail air an cleachdadh airson tòna a chruthachadh aig an ìre seo san earrainn. 2

Coimhead a-rithist air loidhnichean 55 gu 60.

9. Nad bheachdsa, dè am prìomh adhbhar a bh' aig an sgrìobhadair airson iomradh a dhèanamh air seoclaid anns a' phìos seo den earrainn? Mìnich do bheachd le bhith a' togail air an earrainn. 1

A' smaoinichadh mun earrainn air fad.

10. "Cha leigear a leas leabhraichean a losgadh gus cur às dha cultar-leughaidh. Chan fheum leabhraichean ach a bhith nan suidhe — dùinte, marbh — air sgeilp" (loidhnichean 63 gu 65). Beachdaich air carson a chleachd an sgrìobhadair na briathran anns a' pharagraf seo. 2
11. A' smaoinichadh air an earrainn air fad, seall mar a chleachd an sgrìobhadair structar èifeachdach anns na loidhnichean bho 66 gu 68 airson ceangal a dhèanamh ris a' chòrr den artaigil. 2

A' smaoinichadh mun earrainn uile-gu-lèir, seall gu dè an ìre a tha an sgrìobhadair èifeachdach ann a bhith a' cleachdadh:

12. (a) an tiotal 1
- (b) structar na h-earrainn air fad 1
- (c) 'Facal san dealachadh'. 1

Mìnich do bheachdan le bhith a' togail air an earrainn.

[FOSGAIL A-MACH]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO